## Pàirt 1

**a.** Ciamar a tha fios againn gur e sreath-leabhraichean soirbheachail a th' ann an *Harry Potter*? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|---|---|
| | Tha iad air iomadh duais a bhuannachadh. |
| | Cha robh leabhraichean cho ainmeil riutha againn riamh. |
| | Tha iad air an leughadh air feadh an t-saoghail. |
| | Chaidh na milleanan dhiubh a reic. |

**b.** Dè an obair a bha aig J. K. Rowling ann an 1990? 2

**c.** Inns mun latha a thàinig sgeulachd *Harry Potter* gu J. K. Rowling. 3

**d.** Dè dh'fhàg gun robh e doirbh do J. K. Rowling an sgeulachd a chrìochnachadh? 3

**e.** Dè an t-adhartas a bha air tighinn air an leabhar ann an 1993? 1

## Pàirt 2

**a.** Dè tha ag innse dhuinn nach robh Bloomsbury an dùil gum biodh *Harry Potter* soirbheachail? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|---|---|
| | Dhiùlt iad an leabhar. |
| | Cha do chlò-bhuail iad ach mìle leabhar. |
| | Dh'inns iad do Rowling gum bu chòir dhi obair àbhaisteach fhaighinn. |
| | Cha tug iad ach glè bheag de dh'airgead do J. K. Rowling. |

**b.** Tagh **dà** phìos fhiosrachaidh a tha a' sealltainn gun do shoirbhich le J. K. Rowling gu mòr ri linn an t-sreath-leabhraichean *Harry Potter*. 2

**c.** A rèir Eòghainn, dè am feum mòr a tha J. K. Rowling air a dhèanamh? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa. 2

| | |
|---|---|
| | Tha i a' brosnachadh chloinne gus barrachd leabhraichean a leughadh. |
| | Tha na sgeulachdan aice tarraingeach do dh'òigridh. |
| | Tha i a' brosnachadh chloinne gus a bhith a' sgrìobhadh iad fhèin. |
| | Tha adhartas a' tighinn air sgilean litreachais òigridh. |

## An earrann gu lèir

a. Dè am prìomh amas a bha aig Eòghainn Rothach anns an earrainn seo? 1

b. A' cleachdadh fianais bhon earrainn, seall dè cho math 's a choilean Eòghainn amas. 1

c. Inns dè cho inntinneach 's a bha an earrann seo dhut agus carson. 1

20